
Lèirmheas Ofcom air an t-seanail a thathar a' moladh airson BBC Scotland

GAIRM AIRSON BEACHDAN:

Ceann-là foillseachaidh: 30 Samhain 2017

Ceann-là airson freagairtean: 14 Dùbhlachd 2017

Mun sgrìobhainn seo

Tha am BBC air molaidhean fhoillseachadh gus seanail telebhisean ùr a chruthachadh airson luchd-amhairc ann an Alba an ath bhliadhna.

Gus am bi farpais iomchaidh is èifeachdach ann, feumaidh Ofcom sgrùdadh a dhèanamh a thaobh atharrachaidhean cudromach a tha am BBC airson a dhèanamh air na seirbheisean poblach air TBh, rèidio is air-loidhne.

Tha Ofcom a-nis a' tòiseachadh air tùs-mheasadh a dhèanamh air molaidhean a' BhBC a thaobh an t-seanail ùir aige airson Alba gus a thighinn gu co-dhùnadh a bheil iad ceart a thaobh co-theacsa an luach phoblach a dh'fhaodadh a bhith na chois agus a' bhuidh air farpais.

Nì sinn seo le bhith a' sgrùdadh na cùis a chuir am BBC air adhart agus le bhith a' dèanamh rannsachadh air an luchd-amhairc ann an Alba.

San sgrìobhainn seo, tha sinn cuideachd a' sgrùdadh bheachdan luchd-ùidh a dh'fheumas a bhith air an cur thugainn ro 14 Dùbhlachd 2017.

Nì sinn ar tùs-mheasadh taobh a-staigh sia seachdainean, agus thig sinn gu co-dhùnadh a bheil feum air lèirmheas nas mionaidich aig dàrna ìre.

Clàr-innse

Earrann

1. Ro-ràdh	1
2. Ceistean	7

1. Ro-ràdh

- 1.1 Gus dìon a dhèanamh air farpais a tha iomchaidh is èifeachdach, feumaidh Ofcom sgrùdadh a dhèanamh a thaobh atharrachaidhean cudromach a tha am BBC airson a dhèanamh air na seirbheisean poblach air TBh, rèidio is air-loidhne.
- 1.2 Tha an 'Cuireadh airson Beachdan' a tha seo mar thòiseach tòiseachaidh air an sgrùdadh againn air moladh a' BhBC seanail ùr a stèidheachadh airson luchd-amhairc ann an Alba. Feumaidh sinn a thighinn chun a' cho-dhùnaidh am biodh droch bhuidh sam bith a thaobh farpais ann mar thoradh air a' mholadh air am fireanachadh leis an luach poblach a dh'fhaodadh a thighinn mar thoradh air an t-seanail ùr.

Cùl-fhiosrachadh

- 1.3 Is e misean a' BhBC a bhith ag obair a chum maith a' phobaill, a' frithealadh gach seòrsa luchd-amhairc tro bhith a' solar thoraidhean neo-phàirteach, de dh'àrd-chàileachd is so-aithnichte agus seirbheisean a tha a' toirt fiosrachadh, ag oideachadh agus a tha mar dhibhearsain. Gus dèanamh cinnteach gun lean e air a' libhrigeadh phrògraman a tha a' coileanadh a mhisean, faodaidh am BBC coimhead ri bhith a' dèanamh atharrachaidhean ris na tha e a' tabhann a-cheana no a bhith ag amas air a bhith a' leasachadh sheirbheisean ùra gus coinneachadh ri feumalachdan a luchd-amhairc.
- 1.4 Faodar cuid de dh'atharrachaidhean a mheas mar rud a tha glè bheag, mar eisimpleir co-dhùnaidhean làitheil luchd-deasachaidh mu phrògraman fa-leth, no an t-àm sam bi iad sa chlàr-ama. Ach, leis gur e buidheann mòr a tha ann a tha an urra ri maoineachadh poblach, dh'fhaodadh atharrachaidhean sam bith eile a bhiodh am BBC am beachd a dhèanamh buaidh mhòr a thoirt air farpais ann am margaidh nam meadhanan san fharsaingeachd.
- 1.5 Dh'fhaodadh cuid den bhuidh sin a bhith deimhinneach. Faodaidh am BBC cur ri luach poblach agus farpais a bhrosnachadh le bhith a' tabhann barrachd taghadh, a bhith a' brosnachadh iarrrtas, no a bhith ag adhartachadh ùr-ghnàthachas a chum buannachd shaoranaich is luchd-cleachdaidh na RA.
- 1.6 Ach, faodaidh cuid de na h-atharrachaidhean a tha am BBC a' moladh farpais a mhilleadh, le mar eisimpleir a bhith a' dùnadh a-mach seilbheachd bho threas phàrtaidhean, ag adhbharachadh buaidh àicheil do luchd-amhairc. Air sgàth sin, tha Cairt Rìoghail a' BhBC agus Frèam-obrach an Aonta a tha a' cur an cèill misean agus dleasan a' BhBC, a' solar an toiseach airson a' BhBC, agus an uair sin Ofcom, beachdachadh air buaidh farpais a thaobh atharrachaidhean cudromach air seirbheisean poblach a' BhBC air TBh, rèidio agus air-loidhne.¹

¹ Tha a' "Chart" a tha air a cleachdadh san sgrìobhainn stèidhichte air a' Chairt Rìoghail airson leantainneachd Corporaid Craolaidh Bhreatainn. Tha an Aonta eadar Rùnaire na Stàite airson Cultar, Meadhanan is Spòrs agus Corporaid Craolaidh Bhreatainn air aithneachadh mar "Frèam-obrach an Aonta". Chithear iad le chèile aig <https://www.gov.uk/government/publications/bbc-charter-and-framework-agreement>

- 1.7 Dh'fhoillsich am BBC a mheasadh fhèin air 30 Samhain 2017 mu mholadh seanail ùr a chur air bhog airson luchd-amhairc Albannach.² Mar phàirt den mheasadh seo, thàinig Bòrd a' BhBC chun a' cho-dhùnaidh gu bheil am moladh a' coileanadh an deuchainn a thaobh ùidh phoblach. Nì Ofcom a-nis ar measadh fhèin air molaidhean a' BhBC gus a thighinn chun a' cho-dhùnaidh an gabh iad am fireanachadh a rèir an luach phoblach a dh'fhaodadh a bhith nan cois agus am buaidh air farpais.

Moladh a' BhBC

- 1.8 Bidh prìomh uairean craolaidh aig an t-seanail ùr, BBC Scotland bho 7f gu meadhan-oidhche. Bidh an seanail a' craoladh bho 12f gus a bhith a' craoladh tachartasan poiliteigeach agus spòrs beò cho math ri tachartasan eile an uair a bhios feum orra. Lìonaidh simulcast BBC Two an clàr eadar na tachartasan sin agus 7f. Bhiodh BBC Scotland ri fhaotainn air na prìomh ùrlaran talmhaidh, càbal, agus saideal ann an Alba agus air saideal agus iPlayer sa chòrr den RA.
- 1.9 Tha planaichean a' BhBC airson an t-seanail a' moladh:
- Buidsead phrògraman a bhiodh beagan thairis air £32 millean gach bliadhna slàn;
 - Prògram naidheachd (aig 9f tron t-seachdain) le "sùil Albannach air sgeulachdan eadar-nàiseanta, RA agus Alba" le gearr-iomraidhean aig an deireadh sheachdain;
 - Cuid de phrògraman a chaidh a shealltainn a-cheana air BBC Two Scotland;
 - Prògraman ùra a tha mar sgàthan air beatha ann an Alba le cothrom comadaidh ùr fhoillseachadh agus dràma; agus
 - Prògraman ath-chraolte agus on tasglann. Tha am BBC ag innse gum bi mu 50% de na prògraman air an t-seanail nam prògraman ath-chraolte.
- 1.10 Mar phàirt de mholadh, tha am BBC cuideachd air a ràdh gum bi:
- BBC Alba a' gabhail an àite a tha aig BBC Four an-dràsta a thaobh iùil phrògram eileagtronaigeach ann an Alba. Ghluaiseadh BBC Four gu slot eadar-dhealaichte ann an Alba, ach cha bhiodh buaidh sam bith aig seo air seirbheisean sa chòrr den RA.
 - Thigeadh an cleachdadh a bhith a' craoladh prògraman air leth air BBC Two ann an Alba gu ceann. Chitheadh luchd-amhairc BBC Two ann an Alba na h-aon phrògraman 's a chitheadh luchd-amhairc ann an Sasainn.
 - Bhiodh ochdad dreuchd naidheachd ùr air a stèidheachadh gus taic a thoirt do sheirbheis naidheachd BBC Scotland, agus dheigheadh prògram naidheachd deireadh sheachdain Gàidhlig a chruthachadh cuideachd air BBC ALBA.

² http://www.bbc.co.uk/aboutthebbc/insidethebbc/howwework/accountability/consultations/scotland_tv

Sgrùdadh a' BhBC

- 1.11 Fo chumhan Frèam-obrach an Aonta, feumaidh am BBC measadh a dhèanamh a bheil atharrachadh sam bith a thathar a' moladh air a sheirbheis phoblach 'susbainteach'.³ Ma thig e chun a' cho-dhùnaidh gu bheil an t-atharrachadh 'susbainteach', feumaidh am BBC an uair sin tuilleadh measaidh a dhèanamh ris an canar 'deuchainn ùidh phoblach' (PIT) a bhios air a lèirmheas le Bòrd a' BhBC.
- 1.12 Gus moladh aontachadh, feumaidh Bòrd a' BhBC a bhith riaraichte gu bheil am PIT gu soirbheachail a' comharrachadh gu bheil:
- an t-atharrachadh a thathar a' moladh a' cur ri misean a' BhBC agus ri co-dhiù aon de na h-adhbharan poblach;
 - ceumannan reusanta air a bhith air an gabhail gus dèanamh cinnteach nach bi droch bhuidh gun adhbhar air farpais chothromach is èifeachdach; agus
 - luach poblach an atharrachaidh a thathar a' moladh, a' fireanachadh droch bhuidh sam bith air farpais chothromach is èifeachdach a dh'fhaodadh a bhith na chois.
- 1.13 Nam biodh Bòrd a' BhBC riaraichte, bhiodh am PIT air a chur gu Ofcom gus an dèanadh sinn lèirmheas air.
- 1.14 A thaobh na cùise seo, thàinig am BBC chun a' cho-dhùnaidh gum biodh a mholadh seanail BBC Scotland a chur air chois mar atharrachadh cudromach air a sheirbheisean agus rinn iad PIT thar an t-samhraidh 2017. An-diugh dh'fhoillsich am BBC toraidhean an deuchainn a thaobh ùidh poblach, a' mìneachadh carson a tha e dhan bheachd gu bheil am PIT riaraichte a thaobh na cùise seo. Is e dreuchd Ofcom a-nis a mheasadh fhèin a choileanadh.

Dreuchd Ofcom

- 1.15 Tha dreuchd aig Ofcom a taobh a bhith a' dìon farpais chothromach is èifeachdach an uair a bhios am BBC a' moladh atharrachaidhean ris na gnìomhan seirbheis phoblach aige. Gus an dreuchd seo a choileanadh, feumaidh sinn dearbhadh a bheil luach poblach an atharrachaidh a thathar a' moladh a' fireanachadh droch bhuidh sam bith air farpais chothromach is èifeachdach.
- 1.16 Nì sinn a-nis lèirmheas air PIT a' BhBC agus nì sinn ar measadh fhèin air plana a' BhBC airson seanail telebhisean ùr ann an Alba gus a thighinn chun a' cho-dhùnaidh am bu chòir a leigeil air adhart san riochd a tha am BBC air a mholadh.

³ Tha atharrachadh susbainteach air a mhìneachadh mar fhear anns a bheil am BBC a' moladh an dàrna cuid "seirbheis poblach ùr san RA" a choileanadh, no atharrachadh a dhèanamh "a dh'fhaodadh droch bhuidh shònraichte a thoirt air farpais chothromach is èifeachdach". Ann am paragraf 4.33 de ar lùil BCA (faic fo-nota 6 gu h-ìosal), tha sinn air tùs-liosta de chùisean a thoirt a dh'fhaodadh cuideachadh ann a bhith a' dearbhadh susbainteachd a' mholaidh. Bha iad sin a' gabhail a-steach am biodh droch bhuidh shònraichte air a dhèanamh air farpais chothromach is èifeachdach, gu luath agus nach gabhadh a leasachadh, nan deigheadh gabhail ris a' mholadh, na cosgaisean a thigeadh an lùib a' mholaidh agus am biodh am BBC a' dol a-steach gu margaidh ùr.

- 1.17 Tha Frèam-obrach an Aonta a' roinn na h-obrach seo ann an dà cheum. Sa chiad cheum, a dh'fheumas a bhith air a chrìochnachadh mu 14 Dùbhlachd 2017, feumaidh sinn:
- dearbhadh a bheil sinn ag aontachadh ris a' BhBC gu bheil susbaint sa mholadh aige a rèir a' mhìneachaidh a tha ann am Frèam-obrach an Aonta; agus, ma tha sinn ag aontachadh
 - a thighinn gu co-dhùnadh mu dè an seòrsa measadh mionaideach a dheigheadh a dhèanamh aig an dàrna ceum.
- 1.18 Bidh obair an dàrna ceum an dàrna cuid ann an riochd Measadh Farpais a' BhBC ('BCA') air neo Measadh nas Giorra. San sgrìobhainn-iùil againn *Measadh buaidh nan atharrachaidhean a thathar a' moladh a thaobh seirbheis phoblach a' BhBC* ('Iùil a' BhCA')⁴, tha sinn a' mìneachadh gu bheil:
- BCA nas dualtaiche a bhith nas iomchaidh "far a bheil moladh a' togail chùisean mòra, ioma-fhillte agus/no gu sònraichte connspaideach, a dh'fhaodadh a bhith a' gabhail a-steach grunnan bhuidheann aig am biodh ùidh ann agus dòighean a dh'fhaodadh droch bhuidhean a thoirt air farpais a bhiodh cothromach agus èifeachdach"; air an làimh eile,
 - Tha Measadh nas Giorra dualtach tachairt ma tha "raon nas cumhainge de chùisean rim measadh," mar eisimpleir far a bheil sinn a' beachdachadh air deuchainn ùidh phoblach a' BhBC "a' dèiligeadh gu h-iomchaidh ris na cùisean air fad (no a' mhòr chuid dhiubh)".
- 1.19 Anns an dà chuid BCA no Measadh nas Giorra gabhaidh ar n-obair a-steach:
- lèirmheas air na modhan-obrach a tha am BBC air a chleachdadh ann a bhith a' coileanadh PIT;
 - lèirmheas air measadh a' BhBC de luach phoblach, a' dearbhadh sgrùdadh a' BhBC agus an raon de fhianais a chaidh a chleachdadh gus comharrachadh an luach phoblach a bharrachd a libhrigeadh am moladh a thuilleadh air na seirbheisean a tha e a' toirt seachad a-cheana;
 - ar measadh fhèin a thaobh am biodh droch bhuidhean aig molaidhean a' BhBC air farpais chothromach is èifeachdach, a' cruinneachadh tuilleadh fianais agus a' beachdachadh air cùisean a dheigheadh a thogail le luchd-ùidh mar a bhiodh iomchaidh; agus
 - measadh deireannach mu luach poblach a' mholaidh, stèidhichte air fiosrachadh sònraichte mun chùis agus a' gabhail a-steach ar dleasan is uallaichean air fad, gus fireanachadh droch bhuidhean a dh'fhaodadh a bhith aige air farpais chothromach is èifeachdach.
- 1.20 Aig deireadh a' phròiseas, thig sinn gu aon de na⁵ co-dhùnaidhean a leanas:

⁴ Tha Iùil BCA ri fhaotainn aig: https://www.ofcom.org.uk/data/assets/pdf_file/0028/99415/bbc-public-service-activities-proposed.pdf.

⁵ A thaobh Measadh nas Giorra, chan eil Frèam-obrach an Aonta a' toirt a' chhead dhuinn dearbhadh nach fhaod am BBC an atharrachadh a choileanadh no iarraidh air leasachaidhean a dhèanamh. Ach, ma chomharraicheas sinn cùisean sa ⁵

- a) gum faod am BBC am moladh a choileanadh san riochd san deach a chur thugainn
 - b) nach fhaod am BBC am moladh a choileanadh;
 - c) gum faod am moladh a dhol air adhart, ach le cùmhnantan is atharrachaidhean a tha sinn a' sireadh; no
 - d) gum feum am BBC ath-bheachdachadh air eileamaidean de dheuchainn air ùidh phoblach no leantainn le modhan-obrach a bharrachd a tha sinne a' meas iomchaidh.
- 1.21 Bidh sinn an-còmhnaidh a' coimhead ri bhith a' crìochnachadh ar n-obair cho luath 's 's cho gnothachail 's a ghabhas. Feumaidh Ofcom BCA a chrìochnachadh taobh a-staigh sia mìosan⁶. Ach, a thaobh Measadh nas Giorra, leis gu bheil e a' gabhail a-steach seata nas cuimsichte de chùisean, feumaidh e a bhith air a chrìochnachadh ann an ùine nas giorra na sia mìosan.
- 1.22 A thaobh an dà shuidheachadh, cuiridh sinn ar comhairle ri ar luchd-ùidh mus tig sinn gu co-dhùnadh a bheil an luach phoblach den mholadh a' fireanachadh droch bhuidh sam bith a dh'fhaodadh a bhith aige air farpais chothromach is èifeachdach.

Ar tùs-mheasadh air moladh BBC Scotland agus an cuireadh seo airson beachdan

- 1.23 Tha Frèam-obrach an Aonta a' mìneachadh gu soilleir gum bi a bhith a' toirt a-steach seirbheis phoblach ùr an-còmhnaidh "susbainteach". Ma bhios sinn riarachtaichte gur e seirbheis ùr phoblach a tha ann am moladh a' BhBC, cha bhi feum air tuilleadh sgrùdaidh gus dearbhadh susbainteachd moladh a' BhBC a thaobh a bhith a' cur seanail ùr air bhog ann an Alba.
- 1.24 San tùs-mheasadh a tha seo, tha sinn mar sin am beachd dlùth-aire a thoirt do bhith a' co-dhùnadh:
- a) a bheil deuchainn ùidh phoblach a' BhBC a' tabhann fiosrachadh gu leòr mu mholadh gus leigeil dhuinn measadh farpais nas mionaidich a dhèanamh ann an ìre a dhà; agus ma tha
 - b) a bheil e iomchaidh BCA slàn no Measadh nas Giorra a choileanadh.
- 1.25 Ma bhios e comasach, cleachdaidh sinn an t-àm seo gus tòiseachadh a' cruinneachadh fianais agus gus lèirmheas a dhèanamh air na modhan-obrach a chleachd am BBC rè a cho-chomhairleachadh air an deuchainn ùidh phoblach.
- 1.26 Gus ar cuideachadh an dà chuid ann a bhith a' dèiligeadh ris na cùisean sònraichte ann am paragraf 1.24 gu h-àrd, agus gus tuigsinn beachd luchd-ùidh air a' bhuidh a bhiodh aig a bhith a' cur seanail ùr BBC air bhog do dh'Alba orra, cuireadh sinn fàilte air freagairtean gu na ceistean a tha air an cur a-mach ann an Earrann 2 gu h-ìosal. Cuireadh fàilte air

Mheasadh nas Giorra a bhiodh a' coimhead coltach a bhith iomchaidh airson fuasgladh a thoirt air na cùisean a chaidh a chomharrachadh, dh'fhaodadh sinn am modh-obrach atharrachadh bho Mheasadh nas Giorra gu BCA.

⁶ Mur eil suidheachaidhean air leth ann. Faic paragraf 2.6 den stiùireadh againn.

fianais eile cuideachd, mar eisimpleir rannsachadh margaidh a dh'fhaodadh cur ris an obair againn.

- 1.27 Feumaidh sinn a' chiad ìre seo a chrìochnachadh mu 11 Faoilleach 2018. Gus cothrom a thoirt dhuinn na freagairtean a gheibh sinn a chleachdadh, is e ceann-là nam beachdan 14 Dùbhlachd 2017.
- 1.28 Bu chòir do luchd-freagairt sam bith a bhith mothachail gum bi sinn a' dèiligeadh ri beachdan sam bith mar a bhith neo-dhìomhair agus gum faodadh gun ainmich sinn iad san fhoillseachadh againn, mur a dèan luchd-freagairt follaiseach nach eil iad ag iarraidh sin. Cuir fiosrachadh dìomhair sam bith san fhreagairt agad ann an leas-phàipear air leth a' mìneachadh carson a tha thu dhan bheachd a tha e dìomhair. Foillsichidh sinn beachdan dìomhair an dèidh dhuinn a' chiad mheasadh a dhèanamh.
- 1.29 Ma thig sinn gu co-dhùnadh BCA no Measadh nas Giorra a choileanadh an dèidh seo bidh sinn a' gabhail sùim de na beachdan a fhuair sinn. Bidh sinn a' gabhail sùim cuideachd de na fhuairear sa chiad mheasadh den mheasadh againn air moladh a' BhBC agus rannsachadh margaidh sam bith a bhios sinn airson a choileanadh.

Na h-ath cheumnan

- 1.30 Foillsichidh sinn ar co-dhùnaidhean, air no ro, 11 Faoilleach 2018 mu a bheil fiosrachadh gu leòr ann an deuchainn ùidh phoblach a' BhBC gus leigeil dhuinn crìochnachadh measadh nas mionaidich mu farpais.
- 1.31 Mìnichidh sinn cuideachd aig an ìre sin, an seòrsa measaidh a bharrachd a tha sinn a' planadh.
- 1.32 Ma thig sinn chun a' cho-dhùnaidh gu bheil feum air tuilleadh measaidh, tòisichidh sinn air BCA no Measadh nas Giorra. Cuiridh sinn ar comhairle ri luchd-ùidh an uair a bhios sinn a' coileanadh a' BhCA no am Measadh nas Giorra mus tig sinn gu co-dhùnadh.
- 1.33 Tha tuilleadh fiosrachaidh mu na pròiseasan a dh'fhaodadh sinn a chleachdadh air an cur an cèill san lùil BCA. Tha loidhne-tìde a' comharrachadh cuin a tha sinn ag amas ar n-obair a chrìochnachadh ri fhaotainn air ar làrach-lìn.

Ceann-là airson beachdan

- 1.34 Is e ceann-là nam beachdan airson nan ceistean ann an Earrann 2 **14 Dùbhlachd 2017**.
- 1.35 Bu chòir freagairtean a chur gu BBCScotland.Assessment@ofcom.org.uk.

2. Ceistean

Tha Ofcom a' cuireadh treas phàrtaidhean freagairt a thoirt do na ceistean a leanas. Thoir fianais taic do Ofcom ma bhios sin comasach.

Ceist 1: A bheil thu dhan bheachd gu bheil na molaidhean a tha am BBC air fhoillseachadh soilleir a thaobh an sgèile (an dà chuid a thaobh stòras ionmhais agus a thaobh ruigsinneachd agus an seòrsa susbaint) agus na clàran-ama a thaobh a bhith gan cur an cèill? Mur eil, thoir mion-fhiosrachadh mu na raointean sa bheil thu dhan bheachd a tha tuilleadh soilleireachd a dhìth.

Ceist 2: An tug pròiseas co-chomhairleachaidh a' BhBC cothrom iomchaidh dhut a bhith a' cur an cèill nam beachdan agad gu cunbhalach? Mur a tug thoir mion-fhiosrachadh.

Ceist 3: Seach gu bheil moladh a' BhBC a' gabhail a-steach a bhith a' cur air chois seanail seirbheis poblach ùr, chan eil sinn dhan bheachd gu bheil tuilleadh sgrùdadh a dhìth gus an fheum air a shon a dhearbhadh. Mur eil thu ag aontachadh ri seo, bhiodh e math nam minicheadh tu carson **nach eil** thu dhan bheachd gu bheil na molaidhean a dh'fhoillsich am BBC iomchaidh.

Ceist 4: Minich carson a tha thu dhan bheachd gum bu chòir do dh'Ofcom BCA a ghabhail os làimh no Measadh nas Giorra de mholadh a' BhBC a dhèanamh.⁷

Ceist 5: A bheil thu ag aontachadh ri measadh a' BhBC na dhearbhadh a thaobh ùidh phoblach mun luach a dh'fhaodadh a bhith na chois agus/no buaidh na margaidh a thaobh a' mholaidh? Thoir seachad fiosrachadh sam bith a tha agad gus do bheachd a mhineachadh.

Ceist 6: A bheil am moladh seo a' soilleireachadh uallachaidhean mòra sam bith mun mhargaidh a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air do bhathair agus air do sheirbheisean? Thoir seachad fiosrachadh sam bith eile a dh'fhaodadh a bhith agad gus mìneachadh buaidh sam bith a thigeadh ort mar thoradh air seanail BBC ùr airson Alba a bhith air a chur air chois.

⁷ Faic paragraf 1.18 gu h-àrd. Tha tuilleadh fiosrachaidh mu phròiseasan BCA agus am Measadh nas Giorra ann am paragrafan 4.35 gu 4.37 de lùil BCA.